



# Aithneachadh air maoineachadh

## Bhòrd na Gàidhlig

### *Stiùiridhean*

#### **Bòrd na Gàidhlig**

'S ann ri Bòrd na Gàidhlig, Buidheann Leasachaidh na Gàidhlig, a tha e an urra cànan is cultar na Gàidhlig a chur air adhart tro Alba gu lèir agus gu h-eadar-nàiseanta.

Chaidh am Bòrd a stèidheachadh fo chùmhntan Achd na Gàidhlig (Alba) ann an 2005. Tha an Achd a' cur dleastanas air Bòrd na Gàidhlig Plana Nàiseanta don Ghàidhlig a dhealbh.

#### **Ag adhartachadh cànan is cultar na Gàidhlig**

Tha e an urra ri Bòrd na Gàidhlig a bhith a' riarachadh tabhartasan Riaghaltas na h-Alba airson a bhith ag adhartachadh is a' cuideachadh cleachdadh na Gàidhlig agus bidh e a' toirt comhairle is buaidh air cùisean co-cheangailte ri cànan is cultar na Gàidhlig.

Mar bhuidheann a tha air a mhaoineachadh gu poblach tha e cudromach gu bheil cothrom aig a' mhòr-shluagh faicinn dè tha sinn a' dèanamh agus mar a chaidh airgead poblach a chosg. Tha e mar chùmhntan tabhartais air buidheann a bhios a' faighinn maoineachadh bho Bhòrd na Gàidhlig an taic seo aithneachadh a h-uile cothrom a gheibh iad m.e. air bileagan, postairean, brathan naidheachd, sanasan, taisbeanaidhean, làraich-lìn is prògraman thachartasan.

*Dh' fhaodadh nach biodh pròiseact air a mheas iomlan, agus dh' fhaodadh gum biodh dàil air pàigheadh a-mach airgead no dh' fhaodadh gum biodh e air a chumail air ais mur a deach aithneachadh ceart a thoirt.*

Cuidichibh sinn ag adhartachadh 's a' comharrachadh cànan is cultair na Gàidhlig le bhith a' cleachdadh ar suaicheantas.

#### **An Suaicheantas**

Tha Suaicheantas Bòrd na Gàidhlig ri fhaotainn ann an diofar chruth; air post-d, air CD no faodar a thoirt sìos bho làrach-lìn a' Bhùird. Tha e cudromach gun tèid suaicheantas a' Bhùird a chleachdadh san aon dòigh fad an t-siubhail agus gu bheil follaiseachd iomchaidh aige, a rèir meud an tabhartais. Bu chòir gu nochdadh an suaicheantas gu h-iomlan agus ann an riochd dìreach. Cha bu chòir gum biodh e air a dhèanamh nas motha no nas lugha.

An uair a thathar a' cleachdadh làn dhath, bu chòir dhan t-suaicheantas nochdadh ann an Òr (PMS 125) is Purpaidh (PMS 669).

#### **Follaiseachd**

##### ***Brathan Naidheachd***

Bu chòir do gach brath naidheachd innse gu soilleir gun deach am pròiseact a mhaoineachadh le Bòrd na Gàidhlig. Bu chòir innse cò às a thàinig am maoin, agus bu chòir luach is ceann-là an

tabhartais nochdadh gu follaiseach ann am briathran a' bhrath naidheachd. Faodar abairt oifigeil fhaighinn bhon Bhòrd airson a chleachdadh.

### **Na Meadhanan Sòisealta**

Bu chòir dhuibh leis gach brath a sgaoileas sibh co-cheangailte ris a' phròiseact innse gu soilleir gun d' fhuair am pròiseact taic-airgid bho Bhòrd na Gàidhlig

### **Foillseachadh Oifigeil**

Bu chòir do bhuidhnean cuireadh a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig a bhith an làthair aig foillseachadh oifigeil no seirbheis fosglaidh co-cheangailte ri pròiseact no tachartas a fhuair maoineachadh. Bu chòir aithneachadh gu soilleir sna cuiridhean a thèid a chur gu aoighean gun deach am pròiseact a mhaoineachadh le Bòrd na Gàidhlig an dàrna cuid le bhith a' cleachdadh an t-suaicheantais no le iomradh a thoirt san teacsa. Bu chòir maoineachadh Bòrd na Gàidhlig a bhith air aithneachadh ann an òraidean sam bith a thèid a libhrigeadh aig an fhosgladh.

### **Stuthan Foillsichte**

Bu chòir maoineachadh bho Bhòrd na Gàidhlig a bhith air ainmeachadh gu follaiseach ann an litreachas adhartachaidh sam bith co-cheangailte ris a' phròiseact, an dàrna cuid le bhith a' cleachdadh an t-suaicheantais no, ann an cuid do shuidheachaidhean, iomradh san teacsa. Tha seo a' gabhail a-staigh bileagan, leabhraichean, prògraman, postairean, fiosan, stuth follaiseachd agus taisbeanaidh, làraich-lìn agus sanasachd.

### **Soidhnichean**

Gabhaidh an suaicheantas a chlà-bhualadh air bòrd no a ghràbhaladh air uachdar iomchaidh sam bith. Tha na h-aon phrionnsabalan ann a thaobh meud agus suidheachadh 's a tha ann a thaobh stuth foillsichte.

## **Iomhaighean**

Bu chòir do bhuidhnean dealbhan den phròiseact no den tachartas a chur a dh' ionnsaigh a' Bhùird gach ràith no aig deireadh a' phròiseict, mas urrainn dhaibh.

## **Tuilleadh Stiùiridh**

Bòrd na Gàidhlig  
Great Glen House, Leachkin Road,  
Inverness,  
IV3 8NW

Fòn: +44 [0] 1463 225454

Post-d: [oifis@gaidhlig.org.uk](mailto:oifis@gaidhlig.org.uk)

Làrach-lìn: [www.gaidhlig.org.uk](http://www.gaidhlig.org.uk)

Facebook: <https://www.facebook.com/bordnagaidhlig/>

Twitter: @bordnagaidhlig1

Instagram: @bordnagaidhlig1